

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## **‘Cheerio’**

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 1,143. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 839 corresponds to Litir 1,143.*

An t-seachdain sa chaidh, bha mi ag innse dhuibh mu dhòighean eile airson faighneachd de chuideigin mar a tha iad, a bharrachd air ‘Ciamar a tha thu?’ Anns an Litir seo, tha mi airson sùil a thoirt air diofar dhòighean a th’ againn airson *cheerio* a ràdh ri duine eile.

Bidh sibh eòlach gu leòr air ‘Tìoraidh’ – a thàinig bhon Bheurla. Tha sin cumanta **anns an latha a th’ ann**. Bidh daoine ag ràdh, ‘Tìoraidh an-dràsta.’ *Cheerio just now*. Tìoraidh an-dràsta. Nam biodh tu ag iarraidh air pàiste ‘cheerio’ a ràdh, can, ri a sheanmhair, dh’fhaodadh tu seo a ràdh ris: ‘Can tìoraidh ri do sheanmhair’. Can tìoraidh ri do sheanmhair.

Chan fhaic sibh ‘Tìoraidh’ ann an seann sgrìobhaidhean. Bha abairtean eile aig daoine an uair sin. Tha gu leòr dhiubh fhathast beò anns a’ choimhearsnachd. Bheir sinn sùil air feadhainn dhiubh.

‘Mar sin leat’. Tha sin a’ ciallachadh ‘cheerio’. Tha e neo-fhoirmeil. Mar sin leat. Mar sin leat an-dràsta.

‘Slàn leat’. Ma bhios tu a’ fàgail slàn aig cuideigin, tha thu a’ cantainn ‘cheerio’ ris. Slàn leat. Nam biodh tu ag iarraidh air pàiste ‘cheerio’ a ràdh ri a sheanair dh’fhaodadh tu seo a ràdh ris: ‘Fàg slàn aig do sheanair’.

Tha slàn a’ ciallachadh *health, wholeness* agus bidh sinn ag ràdh rudan mar seo ri caraid a tha a’ dol air falbh airson greis: ‘Guma slàn thu gus am faic mi a-rithist thu’ *may you be well until I see you again*. No ‘Guma slàn thu gun till thu’ *may you be well until you return*. Guma slàn thu gun till thu.

Tha *soraidh* cuideachd a’ ciallachadh *cheerio* no *farewell*. ‘Soraidh leat’ *farewell to you*. Soraidh leat. ‘Fàg soraidh aig do sheanmhair’ *say farewell to your grandmother*. Fàg soraidh aig do sheanmhair.

Nam biodh cuideigin gu bhith air falbh airson greis mhòr, ’s dòcha gun canadh tu riutha, ‘Soraidh slàn leat’. Agus ri cuideigin air an robh gràdh agad, ’s dòcha gun canadh tu, ‘Soraidh slàn leat, a ghràidh’ *farewell, my beloved one*. Soraidh slàn leat, a ghràidh. Tha òran ainmeil às a’ Mhorbhairne air a bheil ‘Soraidh Slàn le Fionnairigh’ *Farewell to Fiunary*. Tha e a’ tighinn gu ceann leis an dà loidhne seo: *Soraidh slàn le tìr mo ghràidh, Is slàn gu bràth le Fionnairigh*.

Tha *soraidh* cuideachd a’ seasamh airson *compliments* no *respects* ann am Beurla. Mar eisimpleir anns an abairt, ‘Thoir mo shoraidh dha do mhàthair’. Tha sin a’ ciallachadh – *Give my compliments to your mother*. Thoir mo shoraidh dha do

mhàthair. 'S dòcha gum bi sibh eòlach air an òran Sgitheanach *Thoir mo Shoraidh thar an t-Sàile, Null gu tìr nam Beanntan Àrda...*

Bu mhath leam crìochnachadh le rudan a chanadh tu ri caraaid no co-obraiche a bhios tu a' faicinn gu tric. Mar eisimpleir – 'Chì mi a-rithist thu' *I'll see you again.* Chì mi a-rithist thu.

'Chì mi a-màireach thu' *I'll see you tomorrow.* Chì mi a-màireach thu. Dh'fhaodadh tu sin a fhreagairt le bhith ag ràdh, 'Chì' no 'Chì, gu dearbh'. Agus mas ann air an oidhche a tha e, bhiodh tu ag ràdh, 'Oidhche Mhath'.

Seo, ma-thà, còmhraidh eadar dithis luchd-obrach aig deireadh an latha:

'S fheàrr dhomh falbh. Chì mi a-màireach thu.

Chì, gu dearbh. Oidhche mhath leat.

Oidhche mhath.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** neo-fhoirmeil: *informal*; a-màireach: *tomorrow*.

**Abairtean na Litreach:** mu dhòighean eile airson faighneachd de chuideigin mar a tha iad, a bharrachd air: *about other ways of asking somebody how they are, in addition to*; nam biodh tu ag iarraidh air pàiste 'cheerio' a ràdh, can, ri a sheanmhair: *if you were wanting a child to say 'cheerio', say, to its grandmother*; dh'fhaodadh tu seo a ràdh ris: *you could say this to it*; tha gu leòr dhiubh fhathast beò anns a' choimhearsnachd: *plenty of them survive in the community*; bheir sinn sùil air feadhainn dhiubh: *we'll look at some of them*; nam biodh cuideigin gu bhith air falbh airson greis mhòr: *if somebody were leaving for a long period*; 's dòcha gun canadh tu riutha: *perhaps you would say to them*; tha òran ainmeil às a' Mhorbhairne air a bheil: *there is a famous song from Morvern called*; tha e a' tighinn gu ceann leis an dà loidhne seo: *it ends with these two lines*; 's dòcha gum bi sibh eòlach air an òran Sgitheanach: *perhaps you will know the Skye song*; thoir mo shoraidh thar an t-sàile; *send my blessings over the sea*: null gu tìr nam beanntan àrda: *over to the land of the high mountains*; bu mhath leam crìochnachadh: *I'd like to finish*; le rudan a chanadh tu ri caraaid no co-obraiche a bhios tu a' faicinn gu tric: *with things you would say to a friend or colleague who you see often*; mas ann air an oidhche a tha e: *if it's at night*; 's fheàrr dhomh falbh: *I'd better be going [leaving]*; chì mi a-màireach thu: *I'll see you tomorrow*; chì, gu dearbh: *absolutely*; oidhche mhath leat: *good night to you*.

**Puing-chànain na Litreach:** *Do you find yourself somewhat stuck in saying 'Tioraidh' no 'Tioraidh, ma-thà' as a farewell? It's an easy one to start with as a learner but it's good to have some others up your sleeve. Why not practice using another one this week? Particularly useful is chì mi a-rithist thu – it carries a nice message that you want to see the other person again.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** cumanta anns an latha a th' ann: *common today / in today's world*.

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA*